

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 600. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 296 corresponds to Litir 600.

Fàilte chridheil oirbh gu Litir Sia Ceud (600). An t-seachdain sa chaidh bha mi a’ bruidhinn mun eadar-theangachadh ùr a rinneadh aig **deireadh na bliadhna’ an-uiridh**, de Leabhar Eòin às a’ Bhìoball. An t-seachdain seo bu mhath leam sùil a thoirt air mar a chaidh an Tiomnadh Nuadh fhèin, agus am Bìoball, eadar-theangachadh gu Gàidhlig anns a’ chiad dol a-mach. Agus, mar a chì sibh, tha àite mòr aig Siorrachd Pheairt agus na Tròiseachan sa chùis.

Anns an t-seachdamh linn deug, bha mòran anns an Eaglais, mar a bha mòran anns an riaghaltas ann an Dùn Èideann, gu dubh an aghaidh na Gàidhlig. Agus cha do rinneadh mòran adhartais a thaobh a bhith ag eadar-theangachadh a’ Bhìobaill gu Gàidhlig.

Ach rinneadh beagan adhartais ann an Èirinn. Nochd an Tiomnadh Nuadh ann an Gàidhlig na h-Èireann ann an sia ceud deug ’s a trì (1603). Agus chuireadh am Bìoball Gaeilge ann an clò ann an sia ceud deug, ochdad ’s a còig (1685). Bha Alba gu bhith a’ faighinn buannachd de sheòrs’ air choreigin cuideachd.

Airson an eachdraidh a thoirt air adhart, feumaidh sinn aithne a chur air triùir a bha an sàs anns a’ ghnòthach. Is iad sin Robert Boyle, mac Iarla Chorcaigh, Seumas Kirkwood, ministear à Sasainn, a rugadh air a’ Ghalltachd agus a bha uaireigin a’ fuireach ann am Bràghad Albainn, agus Raibeart Kirk, ministear ann an Obar Phuill anns na Tròiseachan. Bha Gàidhlig aig Kirk bho dhùthchas.

Bha barrachd lethbhreac dhen t-Seann Tiomnadh Èireannach aig Boyle na bha a dhìth. Agus chuir e feadhainn gu Kirkwood airson sgaoileadh **air Gàidhealtachd na h-Alba**. Anns an Ògmhios sia ceud deug, ochdad ’s a h-ochd (1688) bha dà cheud lethbhreac ’s a seachd aig Seumas Kirkwood. Bha fear ann airson gach paraiste agus seachd airson nan easbaigean.

Chuir Kirkwood na Bìobaill gu ruige Lìte air long. Chaidh feadhainn a chur a-mach gu diofar pharaistean far an robh coitheanalan Gàidhlig. Tha feadhainn dhiubh sin fhathast ann an làmhnan nan eaglaisean dhan deach an cur. Chunnaic mi fear dhiubh ann an Siorrachd Pheairt bliadhna no dhà air ais, le ainm-sgrìobhte an Urramaich Raibeart Kirk ann. Abair rud prìseil!

Ach, deich bliadhna às dèidh sin, bha an dàrna cuid de na Seann Tiomnaidhean fhathast ann an làmhnan na h-Eaglaise ann an Dùn Èideann. Cha robh iad air an slighe a dhèanamh chun na Gàidhealtachd idir. ’S e dà rud a bu chòireach ri sin, a rèir choltais. Bha nàimhdeas don Ghàidhlig taobh a-staigh na h-Eaglaise. Agus cha robh e furasta do Ghàidheil na h-Alba na teacsaichean Èireannach a leughadh. Bha an cànan rud beag eadar-dhealaichte agus bha i sgrìobhte anns a’ chlà thraidiseanta Èireannach.

Bha Kirkwood agus Boyle dhen bheachd gum biodh e math do dh'Alba nam biodh am Bioball Èireannach ri fhaighinn, ach ann an clò Ròmanach, seach clò Èireannach. Chaidh an obair sin a thoirt do Raibeart Kirk. Anns a' Ghiblean sia ceud deug is naochad (1690), nochd am Bioball Èireannach ann an clò Ròmanach. Chaidh trì mìle Bioball agus mìle Tiomnadh Nuadh a chur an clò. Agus chaidh trì mìle leabhar cheist a dhèanamh cuideachd.

Ach fhathast, bha an Eaglais slaodach ann a bhith a' cur nan leabhraichean Gàidhlig gu ruige na paraistean far am biodh iad feumail. Bidh an stòiridh a' leantainn – an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: An Tiomnadh Nuadh: *the New Testament*; mac Iarla Chorcaigh: *son of the Earl of Cork*; Obar Phuill: *Aberfoyle*; paraiste: *parish*; easbaigean: *bishops*; coitheanalan: *congregations*; ainm-sgrìobhte: *signature*; Seann Tiomnadh: *Old Testament*; nàimhdeas: *hostility*; clò Ròmanach: *Roman (Latin) type/font*; leabhar cheist: *book of catechism*; slaodach: *slow, tardy*.

Abairtean na Litreach: Leabhar Eòin às a' Bhìoball: *The Book of John from the Bible*; tha àite mòr aig Siorrachd Pheairt agus na Tròiseachan [also Tròisichean] sa chùis: *Perthshire and the Trossachs play a significant role*; gu dubh an aghaidh na Gàidhlig: *strongly opposed to the Gaelic language*; cha do rinneadh mòran adhartais: *not much progress was made*; chuireadh am Bioball Gaeilge ann an clò: *the Irish Gaelic Bible was printed*; bha Alba gu bhith a' faighinn buannachd de sheòrs' air choreigin cuideachd: *Scotland was also going to obtain some sort of benefit*; airson an eachdraidh a thoirt air adhart: *to take the story forward*; feumaidh sinn aithne a chur air trìuir: *we must gain the acquaintance of three people*; uaireigin a' fuireach ann am Bràghad Albainn: *at one time living in Breadalbane*; barrachd lethbhreac: *more copies*; gu ruige Lìte air long: *to Leith on a ship*; ann an làmhan nan eaglaisean dhan deach an cur: *in the hands of the churches to which they were sent*; abair rud prìseil!: *what a precious thing!*; sgrìobhte anns a' chlà thraidiseanta Èireannach: *written in the traditional Irish type*; gum biodh e math do dh'Alba nam biodh am Bioball Èireannach ri fhaighinn: *that it would be good for Scotland if the Irish Bible were available*; thug an obair bliadhna gu leth: *the work took a year and a half*; gu ruige na paraistean far am biodh iad feumail: *to the parishes where they would be useful*.

Puing-chànain na Litreach: airson sgaoileadh **air Ghàidhealtachd na h-Alba:** *for distribution in the Highlands of Scotland. We generally say “air” rather than “anns” when referring to the Gàidhealtachd, which is usually unlenited when followed by na h-Alba. But how do we say “in the Highlands” without referring to Alba? We tend to say “air a' Ghàidhealtachd” but you will hear many people say “air Ghàidhealtachd” without the article but with a lenited “G”. This would appear to be a traditional usage, with the lenition incurred in the indefinite dative singular following the preposition “air”, as still occurs in Irish Gaelic. Such lenition is preserved in Scottish Gaelic in other phrases like air mhàl, air chuairt and beag air bheag.*

Gnathas-cainnt na Litreach: a rinneadh aig **deireadh na bliadhn' an-uiridh:** *that was done at the end of last year.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA